

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleam@bbc.co.uk. This is Litir 512. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 208 corresponds to Litir 512.

Ann am baile Otta, ann am meadhan Nirribhidh, tha ìomhaigh ann de bhoireannach òg. 'S e *Pillarguri* an t-ainm a th' oirre agus tha i ainmeil ann an eachdraidh na dùthcha. Na làimh tha còrn a tha i a' sèideadh. 'S e sèideadh a' chùirn a chomharraich toiseach na h-ionnsaigh a rinn ceudan Nirribheach air feachd Albannach a bha a' dèanamh air an t-Suain ann an sia ceud deug 's a dhà-dheug (1612). Bha na h-Albannaich a' dol a shabaid as leth rìgh na Suain – an aghaidh nan Dànach agus nan Nirribheach.

Aig Kringen, deas air Otta, bha còig ceud Nirribheach a' feitheamh ris na h-Albannaich. Bha iad **am falach** anns a' choille os cionn na h-aibhne. Bha *Pillarguri* air taobh eile na h-aibhne, a' cumail sùil air na h-Albannaich fhad 's a bha iad a' tighinn sìos an gleann. Bha na h-Albannaich ann an deagh shunnd agus thathar ag ràdh gun robh feadhainn a' seinn na pìoba. Bha iad a' cumail sùil air *Pillarguri* agus air fear eile a bha faisg oirre air muin eich ach a bha a' marcachd an comhair a chùil. Cha robh an sùilean air na coilltean os an cionn.

Bha Seòras Mac na Ceàrdaich aig an aghaidh. B' esan a' chiad duine a chaidh a mharbhadh nuair a thòisich na Nirribhich air Iosgadh air na h-Albannaich le crois-bhoghachan agus gunnaichean. Bha Seòras air manadh fhaicinn air a' mhadainn sin gum biodh droch latha ann agus thug e sgian do a bhean. Bha a bhean agus am pàiste a' siubhal còmhlà ris.

Nuair a chaidh Seòras a mharbhadh, chaidh fear de na Lochlannaich a dh'ionnsaigh a mhnà leis an amas am pàiste a thogail is a thoirt gu sàbhailteachd. B' esan Kjeld Fjerdringen. Ach bha a' Bhean-ualas Nic na Ceàrdaich dhen bheachd gun robh e a' dol a mharbhadh an leanabh. Thug i an sgian a-mach agus shàth i Kjeld. Thuit e marbh.

Rinn na Nirribhich a' chùis air na h-Albannaich. Bha beagan is ceud is trithead Albannach air fhàgail beò, **agus iad** nam prìosanaich. 'S e glè bheag de mhuinntir an àite a chaill am beatha.

Ach cha robh an sgrios seachad. Air an làrna-mhàireach thug na Nirribhich na h-Albannaich a-mach agus mhuirt iad a' chuid a bu mhotha aca, fear mu seach. Ged a tha muinntir Nirribhidh a' comharrachadh a' bhatail chun an latha an-diugh, le fèill gach samhradh, 's e seo pàirt dheth às nach eil iad moiteil. Thathar a' dèanamh dheth nach robh ach ceithir Albannaich dheug air fhàgail beò aig an deireadh. Bha na ceudan anns an fheachd aig an toiseach.

Chaidh na prìosanaich a thoirt don phrìomh bhaile, Christiania, far a bheil Oslo an-diugh. Tha carragh-cuimhne ann do Sheòras Mac na Ceàrdaich ann am baile eile air a bheil

Kvam, sìos an gleann bho Khiringen. Ged a bha e na nàmhaid do na Nirribhich, thathar a' toirt spèis do a chuimhne an-diugh. Agus tha feadhainn ag aithneachadh gu robh ceangal eachdraidheil aige do Lochlann. Bha a shinnsirean nan Normanaich agus b' e a sheanair an t-Iarla mu dheireadh de dh'Arcaibh. 'S dòcha gun robh Lochlannais fhathast aig cuid de na saighdearan aige.

Taobh a-muigh Ghallaibh, cha chreid mi gu bheil mòran ann an Alba a' cuimhneachadh Blàr Khiringen an-diugh. Ach chan ionann sin ann an Nirribhidh. Ann an ionad nam bùthan ann an Otta, tha taisbeanadh mòr de dhealban brèagha a tha ag innse eachdraidh a' bhatail 's mar nach do shoirbhich le feachd Albannach ann an Nirribhidh anns an t-seachdamh linn deug.

* * * * *

Faclan na Litreach: Nirribhidh: *Norway*; ìomhaigh: *statue, image*; Seòras Mac na Ceàrdaich: *George Sinclair*; manadh: *omen*; shàth: *stabbed*; carragh-cuimhne: *memorial stone*; taisbeanadh: *display*.

Abairtean na Litreach: na làimh tha còrn: *in her hand is a horn*; 's e sèideadh a' chùirn a chomharraich toiseach na h-ionnsaigh: *it's the blowing of the horn that marked the start of the attack*; a' dol a shabaid as leth rìgh na Suain: *going to fight on behalf of the King of Sweden*; os cionn na h-aibhne: *above the river*; a' seinn na pìoba: *playing the bagpipes*; faisg oirre air muin eich: *close to her on horseback*; a' marcachd an comhair a chùil: *riding backwards*; losgadh air X le crois-bhoghachan agus gunnaichean: *firing on X with crossbows and guns*; thug e sgian do a bhean: *he gave a knife to his wife*; a dh'ionnsaigh a mhnà: *towards his wife*; leis an amas am pàiste a thoirt gu sàbhailteachd: *with the aim of taking the child to safety*; an làrna-mhàireach: *the next day*; le fèill gach samhradh: *with a festival every summer*; 's e seo pàirt dheth às nach eil iad moiteil: *this is a part of which they are not proud*; thathar a' dèanamh dheth nach robh ach ceithir Albannaich dheug air fhàgail beò: *it's reckoned there were only 14 Scots left alive*; chaidh na prìosanaich a thoirt don phrìomh bhaile: *the prisoners were taken to the capital*; ged a bha e na nàmhaid do na Nirribhich: *although he was an enemy to the Norwegians*; thathar a' toirt spèis do a chuimhne: *his memory is revered*; tha feadhainn ag aithneachadh: *some people recognise*; bha a shinnsirean nan Normanaich: *his ancestors were Normans*; b' e a sheanair an t-Iarla mu dheireadh de dh'Arcaibh: *his grandfather was the last Earl of Orkney*; chan ionann sin: *that's not the same*.

Puing-chànain na Litreach: Bha beagan is ceud is trithead Albannach air fhàgail beò, agus iad nam prìosanaich: *there were a little over 130 Scots left alive, who were prisoners. Remember the use of agus here to introduce what in English would be a clause, containing a verb (were). The verb is not necessary in the Gaelic phraseology. Note also that nam prìosanaich is the dative plural, using the dative to express identity (cf tha mi nam thidsear, "I am in my teacher"; tha e na amadan, "he is in his idiot"). Literally the Gaelic phrase means "and they in their prisoners".*

Gnàthas-cainnt na Litreach: Bha iad am falach anns a' choille: *they were hiding/hidden in the forest.*

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinachadh le MG ALBA